

## **BÒRD NA GÀIDHLIG**

### **GNÀTH-RIAGHAILTEAN**

#### **Amasan**

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh gus dleastanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (“An Achd”) a choileanadh.

#### **Am Bòrd**

Thèid obair Bhòrd na Gàidhlig a stiùireadh leis a’ Bhòrd aig am bi a’ chòir gach cumhachd ainmichte fo phàipear-taice 1 den Achd a chur an gnìomh.

#### **Ballrachd a’ Bhùird**

Bidh Cathraiche agus Buill choitcheann air a’ Bhòrd aig Bòrd na Gàidhlig a thèid a chur nan dreuchd le Ministearan na h-Alba a rèir chumhachan na h-Achd. Faodaidh Ministearan na h-Alba Ball/Buill den Bhòrd a chur às an dreuchd air na h-adhbharan a tha ainmichte ann am Pàipear-taice 1 den Achd.

#### **Modhan-obrach a’ Bhùird**

Tha am pàipear seo a’ cur mhodhan-obrach an cèill a bhuineas ri coinneamhan a’ Bhùird agus a chomataidhean. Tha na gnàth-riaghailtean seo a thuilleadh air riathanasan sam bith san Achd agus a gheibhear san òrdugh stèidheachaidh, agus ann an Achdan Pàrlamaid eile a thig no ann an stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba.

#### **1. Cuòram**

Feumaidh 5 a bhith ann airson cuòram a’ Bhùird.

#### **2. Coinneamhan**

Cumaidh am Bòrd co-dhiù dà choinneimh sa bhliadhna, agus coinneamhan sam bith eile a dh’fheumas iad gus a dhleastanas a choileanadh a rèir chumhachan na h-Achd agus faodaidh am Bòrd na coinneamhan aca a stad airson ùine bho àm gu àm mar a tha iad ga mheas riathanach.

Gheibh Buill fios mu choinneamh a’ Bhùird co-dhiù 7 latha ron àm agus cuiridh an Ceannard am fios sin (no neach-obrach eile bho Bhòrd na Gàidhlig ag obair fo a stiùir) gu Buill a’ Bhùird aig na seòlaidhean san Rìoghachd Aonaichte a thug iad don Bhòrd agus innsidh e/i dhaibh mu na gnothaichean air am bi am Bòrd a’ coimhead aig a’ choinneimh. Dh’fhaodadh gun tèid coinneamh a’ Bhùird a chumail le nas lugha rabhaidh na sin, fhad ’s a bhios cuòram ann agus gun aontaich na Buill a tha an làthair ris an ùine nas giorra airson fios a thoirt do dhaoine. Ann an suidheachaidhean fìor neo-àbhaisteach, ma dh’fheumas am Bòrd co-dhùnadh a dhèanamh ann an cabhaig mhòir, agus nach gabh coinneamh a chur air dòigh, thèid dèiligeadh ris a’ chùis tro bhith sgrìobhadh gu càch a chèile. ’S e an Cathraiche a nì an co-dhùnadh seo (no cuideigin ainmichte leis/leatha). Ann an suidheachadh mar sin, thèid beachdan a chur chun a’ Chathraiche (no chun an neach ainmaichte). Thèid an co-dhùnadh a dhaingneachadh aig an ath choinneimh den Bhòrd.

Gu h-àbhaisteach, bidh an Ceannard agus buill na Sgioba Stiùiridh an làthair aig a h-uile coinneamh den Bhòrd, còmhla ri luchd-obrach sam bith eile a tha dhìth gus dèiligeadh ri gnothaichean na coinneimh.

Mar as trice, 's e an Cathraiche no cuideigin a dh'ainmicheas e/i a bhios sa chathair airson coinneamhan. Mura gabh sin a dhèanamh, no comhairle fhaotainn bhon Chathraiche, bhòtaidh na Buill a tha an làthair gus aon de na Buill sin a roghnachadh airson a bhith sa chathair, an neach a gheibh mòr-chuid de an bhòtaichean.

Faodaidh Ministearan na h-Alba no na riochdairean aca a bhith an làthair agus pàirt a ghabhail aig coinneamhan a' Bhùird agus comataidhean Bhòrd na Gàidhlig, ach chan eil bhòt aig na riochdairean sin.

Foillsichidh am Bòrd Geàrr-chunntasan ann an Gàidhlig, Beurla, agus ann an cànanan eile a chuidicheadh gus gnothaichean a' Bhùird a choileanadh gu h-èifeachdach, agus thèid iad sin a chumail ann an cruth maireannach agus nan cois bidh:-

- a) ainmean nan daoine a tha an làthair aig gach coinneamh den Bhòrd
- b) ainmean nan daoine a tha an làthair aig coinneamh Comataidh sam bith den Bhòrd
- c) gach co-dhùnadh is gnothach a bhios mar phàirt de gach coinneamh den Bhòrd
- d) gach gnothach is moladh aig Comataidhean a' Bhùird, agus co-dhùnaidhean leis a' Chomataidh Poileasaidh is Ionmhais agus a' Chomataidh Tuarastail

Thèid gach clàr, clàr-amais, leabhar gheàrr-chunntasan, leabhar-cunntais no leabhar eile, a dh'fheumas Bòrd na Gàidhlig a chumail no a dh'fheumar cumail às leth Bhòrd na Gàidhlig, an clàradh air pàipear no ann an cruth maireannach, no ann an cruth eileagtronaigeach ann an dòigh a tha am Bòrd ga mheas iomchaidh.

Dh'fhaodadh gun atharraich am Bòrd modhan-obrach nan coinneamhan aca bho àm gu àm gus an gabh gnothaichean na coinneimh a choileanadh tro cho-labhairt fòn; conaltradh eileagtronaigeach; no co-labhairt bhidio, fhad 's as urrainn don a h-uile duine a tha gabhail pàirt na tha càch ag aithris don choinneimh a chluinntinn no a leughadh agus ma ghabhas neach pàirt ann an coinneamh tro a leithid a mhodhan-conaltraidh bithear a' gabhail riutha mar chuideigin a tha an làthair.

### **3. Bhòtadh**

Mura canar a chaochladh gu follaiseach sna Gnàth-riaghailtean seo, thèid co-dhùnaidhean a' Bhùird a dhèanamh a rèir bhòt na mòr-chuid. Ma tha bhòt co-ionann, faodaidh an Cathraiche a' bhòt aige/aice a chleachdadh airson co-dhùnadh no mar dàrna bhòt.

Chan fhaodar cur an aghaidh cho dligheach 's a tha bhòt sam bith aig coinneamh sam bith de Bhòrd na Gàidhlig ach aig a' choinneimh, no coinneamh a chaidh a stad airson ùine, far am bithear a' cumail na bhòt sin agus bidh gach bhòt ris an tèid gabhail aig a' choinneimh sin dligheach anns a h-uile dòigh. Thèid beachdan an aghaidh bhòt a chur fa chomhair Cathraiche na coinneimh agus bidh an co-dhùnadh mu dheireadh aigesan/aicese agus seasaidh an co-dhùnadh sin. Feumaidh daoine cur an aghaidh cho dligheach agus a tha bhòt mus tòisich am Bòrd air bruidhinn air an ath phuing air clàr-gnothaich na coinneimh.

### **4. Geàrr-chunntas is fios ro-làimh mu choinneamhan**

Cuiridh an Ceannard (no a riochdaire) air dòigh mar a thèid geàrr-chunntasan coinneamhan a' Bhùird a chumail agus cuiridh iad fios agus fiosrachadh gu Buill a' Bhùird mar a tha dhìth.

Thèid geàrr-chunntasan nan coinneamhan aontachadh leis a' Chathraiche agus thèid an cur gu Buill a' Bhùird agus gu ar Roinn Mhaoineachaidh taobh a-staigh 2 sheachdain bho chaidh coinneamh a' Bhùird a chumail.

## **5. Tuarastal nam Ball**

Bidh tuarastal Buill a' Bhùird a rèir 's na tha sgrìobhte san litir a tha ag innse dhaibh gun fhuair iad an obair. Bidh e na chòir aig Buill air airgead iarraidh air ais airson cosgaisean siubhail reusanta is cosgaisean eile, a' gabhail a-steach cosgaisean cùram chloinne is luchd-cùraim, a thig orra air sàillibh gun robh iad aig coinneamh no ri gnothach às leth Bòrd na Gàidhlig.

## **6. Comataidhean**

Faodaidh am Bòrd Comataidhean a stèidheachadh agus faodaidh iad iarraidh air a leithid a Chomataidhean obair, dleasan agus uallaichean a' Bhùird a ghabhail òs làimh agus stèidhichidh am Bòrd na riaghailtean is modhan-obrach a bhios aig na Comataidhean sin. Faodaidh am Bòrd iarraidh air daoine freagarrach, a tha air am meas comasach cuideachadh le obair nan Comataidhean sin, a dhol orra.

Faodaidh am Bòrd aig àm sam bith Comataidh a sgaoileadh no ballrachd Comataidh atharrachadh.

Roghnaichidh am Bòrd Cathraichean nan Comataidhean. Mar as trice, bidh an Cathraiche a roghnaich am Bòrd, no neach a dh'ainmich e/i, sa chathair aig coinneamhan Comataidh. Mura gabh sin a dhèanamh, is mura h-urrainn comhairle fhaotainn bho Chathraiche na Comataidh, bhòtaidh Buill a' Bhùird a tha an làthair gus aon de na Buill sin a roghnachadh airson a bhith sa chathair, an neach a gheibh mòr-chuid de an bhòtaichean.

Gheibh Comataidhean taic bho luchd-obrach a' Bhùird mar a tha dhìth orra gu reusanta, agus bidh e an urra ris an luchd-obrach sin, ann an co-bhuinn ri Cathraichean nan Comataidhean, clàran-gnothaich, pàipearan taice agus geàrr-chunntasan ullachadh is an sgaoileadh airson coinneamhan nan Comataidhean. Thèid Comataidhean a stèidheachadh le raon-ùghdarras sònraichte agus thathar an dùil gun cuir iad molaidhean chun a' Bhùird airson tuilleadh deasbaid is aonta.

Bidh daonnan Comataidh Sgrùdaidh aig a' Bhòrd, gus dèiligeadh ri cunnartan, smachd is riaghladh agus a' cho-dhearbhachd a tha dol le sin le bhith sgrùdadh nithean ann an dòigh chuideachail.

## **7. Modhan-obrach nan Comataidhean**

Bidh coinneamhan is modhan-obrach nan Comataidhean air an riaghladh a rèir chumhachan nan Gnàth-riaghailtean seo gus coinneamhan is modhan-obrach a' Bhùird a riaghladh, air cho fad 's a tha iad sin iomchaidh agus fhad 's nach tèid riaghailtean eile a stèidhicheas am Bòrd nan àite.

## **8. A' fastadh luchd-obrach**

Nì am Bòrd co-dhùnadh a thaobh cia mheud neach-obrach a tha dhìth air. Cuiridh e sanasan airson nan dreuchdan ann am pàipearan-naidheachd, mar a bhios iomchaidh a rèir dè an dreuchd a th' ann. Thèid an Ceannard a chur an dreuchd a rèir na thathar ag ràdh gu h-àrd agus riatanasan paragraf 5(1) den phàipear-taice aig an Achd.

Tha làn uallach air a' Cheannard airson a bhith stiùireadh agus a' cumail rian san fharsaingeachd air Bòrd na Gàidhlig agus airson dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach aig a' Bhòrd. Tha e an urra ris a' Cheannard comhairle a thoirt don Bhòrd Stiùiridh a thaobh chùisean co-cheangailte ri iomchaidheachd is cunbhalachd an lùib ghnòthaichean ionmhasail. Bidh a' chòir aig a' Cheannard a bhith an làthair agus bruidhinn aig gach coinneamh den Bhòrd no coinneamh Comataidh (ged nach bi còraichean bhòtaidh aige/aice), ach aig pàirtean de choinneamhan far a bheil Buill a' Bhùird air aontachadh nach bu chòir ach cead a bhith aig Buill bruidhinn mun chùis, mar eisimpleir nuair a thathar gu bhith bruidhinn air tuarastal a' Cheannaird no mar a tha i/e a' coileanadh na h-obrach aice/aige no ga g(h)iùlan fhèin.

## 9. Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan

Cuiridh am Bòrd na cunntasan is an aithisg bhliadhnail aca a-steach gu Ministearan na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba cho luath 's a tha iad deiseil agus ron 30 Sultain gach bliadhna. Foillsichidh am Bòrd an aithisg bhliadhnail aca ann an cruth pàipeir airson a sgaoileadh gu poblach, agus bidh i ri faotainn air an làrach-lìn cuideachd.

## 10. A' cleachdadh Gàidhlig

Thèid gach gnothach aig coinneamhan a' Bhùird a chumail ann an Gàidhlig mura h-aontaich am Bòrd ris a chaochladh. Cuiridh am Bòrd air dòigh eadar-theangachadh de gnothach sam bith gu Beurla, agus cànanan eile nuair a bhios am Bòrd, bho àm gu àm, ga mheas iomchaidh gus gnothaichean a' Bhùird a choileanadh.

## 11. Cumhachdan Sònraichte

Ann a bhith coileanadh a chumhachdan fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, nì am Bòrd na leanas:

- a) cosgaidh iad maoinen Bhòrd na Gàidhlig san dòigh, am beachd a' Bhùird, as motha às an tig buannachd ann a bhith coileanadh nan dleastanasan reachdail aca.
- b) cuiridh iad dòigh àiteachan-obrach no uidheamachd sam bith a tha dhìth gus amasan Bhòrd na Gàidhlig a choileanadh.
- c) stèidhichidh iad, agus cuiridh iad às do no atharraichidh iad bho àm gu àm, na Gnàth-riaghailtean seo a thaobh stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig agus gnothaichean na buidhne, agus a thaobh dhleastanasan luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig, agus mar a thèid gnothaichean a' Bhùird no Comataidh sam bith den Bhòrd a choileanadh, agus a thaobh chùisean no rud sam bith a thig fo chumhachdan no smachd a' Bhùird, agus sin uile a rèir chumhachan na h-Achd.

## 12. Luchd-banca is Seicichean

Fastaidh am Bòrd Luchd-banca agus cuiridh e air dòigh modhan-obrach gus seicichean a shoidhnigeadh mar a tha e a' faicinn iomchaidh, agus daonnan a' faotainn cead bhon làn Bhòrd.

## 13. Cunntasan

Feumaidh am Bòrd -

(a) Leabhraichean-cunntais ceart ullachadh air an cumail airson -

- i) gach sùim airgid a gheibh no a chosgas am Bòrd agus cùisean co-cheangailte ri mar a gheibhear agus a chosgar na suimeannan sin;
- ii) am bathar uile a reiceas no a cheannaicheas am Bòrd; agus
- iii) so-mhaoinean is fèicheanasan a' Bhùird.

Thèid leabhraichean-cunntais ceart a chumail a rèir riatanasan Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba. Cuiridh am Bòrd na cunntasan a-steach gu Luchd-sgrùdaidh a thèid a mholadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba airson an sgrùdadh a dhèanamh.

(b) Duilleag chothromachaidh is aithris bhliadhnail air teachd-a-steach is caiteachas ullachadh a rèir sàr mhodhan-cunntasachd is riatanasan Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba. Às dèidh sin feumaidh am Bòrd cunntasan sgrùdaichte a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba is Pàrlamaid na h-Alba. Feumaidh iad na

cunntasan fhoillseachadh ro 30 Sultain gach bliadhna. Bidh lethbhric rim faotainn air an eadar-lìon agus ann an cruth pàipeir mar a thèid iarraidh.

#### **14. Solarachadh**

Cumaidh am Bòrd daonnan ri Riaghailtean airson Cùmhnantan Poblach (Alba) 2006, agus atharraichean sam bith a nithear orra sin, a thaobh solarachaidh, agus cumaidh iad ri stiùireadh freagarrach sam bith a tha san earrainn mu Sholarachadh ann an Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba agus Notaichean Stiùiridh mu Sholarachadh a dh'fhoillsicheas Ministearan na h-Alba. Cuideachd, nì am Bòrd cinnteach gun cùm iad daonnan ri stiùireadh no brath iomchaidh sam bith a thig bhon Aonadh Eòrpach.

#### **15. Saorsa an Fhiosrachaidh**

Fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 faodaidh duine sam bith iarrtas a chur a-steach airson a h-uile seòrsa fiosrachaidh a bhios buidhnean poblach a' cumail fhaicinn. Mar bhuidhinn a tha ainmichte ann am Pàirt 7 de Phàipear-taice 1 den Achd, feumaidh Bòrd na Gàidhlig cumail ris na h-uallaichean a tha ainmichte an sin. Bidh am Bòrd faoilidh agus fosgailte na obair, mar a dh'fheumas e fo Earrainn 23 den Achd, agus gabhaidh e òs làimh agus cuiridh e sgeama foillseachaidh an sàs, a thèid aontachadh le Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba, sam bi fios air an t-seòrsa fiosrachaidh a bhios e a' toirt am follais gu poblach 's gu cunbhalach. Bidh fios ann cuideachd air cosgais sam bith, ma tha cosgais ann, agus air dè seòrsa crutha sam faigh daoine am fiosrachadh. Cuidichidh seo daoine bhon mhòr-shluagh a bhith tuigsinn dè am fiosrachadh a tha gu bhith ri fhaotainn gu furasta nuair a thèid iarraidh.

Dèiligidh an Leasaiche Ionmhais is Seirbheisean Corporra ri iarrtasan a gheibhear fon Achd, 's esan/ise am prìomh neach-obrach a bhios a' dèiligeadh ri sin.

#### **16. Gearanan**

Bidh Poileasaidh gus Dèiligeadh ri Gearanan aig a' Bhòrd a chuidicheas daoine gu bhith dèanamh gearan mura h-eil iad toilichte le taobh sam bith de sheirbheisean a' Bhùird, agus nì e cinnteach gun tèid fuasgladh fhaighinn air duilgheadas sam bith gu luath agus gu h-èifeachdach.

#### **17. A' Cur Stad Sealach air no ag Atharrachadh Gnàth-riaghailtean**

Faodaidh am Bòrd a-mhàin stad sealach a chur air na gnàth-riaghailtean seo, an atharrachadh, an cùl-ghairm no cur riutha, agus feumaidh barrachd air leth den Bhòrd aonta a thoirt do a leithid de dh'atharraichean. Nuair a thathar gu bhith moladh atharraichean air na gnàth-riaghailtean aig coinneamh a' Bhùird, feumar fios a thoirt seachad aig a' choinneimh Bùird ron sin air mar a thathar an dùil sin a dhèanamh aig an ath choinneimh. A dh'aindeoin a' chumha seo, chan fhaodar gnàth-riaghailt a stad gu sealach no atharrachadh nan deigheadh e an aghaidh cumha reachdail no stiùireadh a thug Ministearan na h-Alba seachad.